

A' CHAILIN THA TAMH MU LOCH EITE

Gleus F. Séist.

L.e Calum Mac Phàrlain

{ :d'.l | s :m :r.d | d :-.d:m.f | s :-.l:s | s :m :d | m :-.r:d | r :m :s | l :- :d' }

* Chan 'eil mi m'ir b'abhaid la seachduin no Sàbaid, 'S cha dùisgear á pràmh gu deagh ghleus mi;

{ :d'.l | s :m :r.d | d :-.d:m.f | s :-.l:s | s :m :d | m :-.r:d | r :m :s | l :- :s ||

Dh'fhàs cianal air m'aighe bho'n thug mi chiad aire Do'n chailin tha tamh mu Loch Eite.

Rann.

{ :m.f | s :l :d' | r' :-.d':r' | m' :-.r':d' | d' :l :s | l :-s:l | s :l :d' | r' :- :l }

* Bha am ann is shaoil mi nach beanadh an gaol rium 'S nach maothaicheadh idir mo chridh' ris;

{ :d'.r' | m' :d' :d' | d' :r' :l | d' :s :s | l :t :d' | m :-.r:d | r :m :s | l :- :s ||

Ach chaochail am beachd sin is tha mi nis faicinn Gur deacair e duine bhi strith ris.

* Aig coinnimh na h-òigridh 's ann chuir mi 'n ceud eòlas

Air an òg-chailin choimhlionta, chiataich;
Is cha tig e an gradaig a mhùchas an t-sradag
A rinn ise fhadadh 'n am chliabh-sa.

Cha dùth dhomh bhi luaidh air na feartan thug buaidh orm,

'S a mhosgail bho shuaimhneas gu bròn mi—
A gnùis fhoinnidh, fhlatthail, a sùilean caoin, tairis,
'S a binn-bheul o 'm blasda thig còmhraidh.

Is finealta, uasal a beus is a gluasad;

Is ceanalta, suairce a nàdur;
'N a pearsa cho loinneil, 'n a deise cho sgoinneil—
Chan ioghnadh ged 's toigh leam a' ghràidheag.

* 'S e cuspair mo smaointean a latha 's a dh' oidhche
A dh' fhoillseachadh seòl air bhi réidh rith'.

Chionn mur faigh mi a buannachd ri m' bheò
bidh mi truagh dheth,
Fo sgàil dhuibh gun suaimhneas gun éibhneas.

*Is iad so na rannan a tha ri an seinn.